

Job Title	Stiùiriche
Date of Job Description	09 Dàmhair 2018
Reporting Line	Cathraiche, Comhairle nan Leabhraichean
Salary Scale and Range	£45,023 - £53,783

Dreuchd an Stiùiriche

'S e an Stiùiriche air Comhairle nan Leabhraichean a tha a' stiùireadh ro-innleachd foillseachadh agus sgrìobhadh Gàidhlig ann an Alba le taic bho Bhòrd-stiùiridh Chomhairle nan Leabhraichean. Tha e an urra ris an Stiùiriche plana gnìomhachais èifeachdach a dhealbh agus a chur an gnìomh gus fàs a thoirt air sgrìobhadh agus foillseachadh sa Ghàidhlig agus gus barrachd roghainnean leabhraichean a thoirt do leughadairean sa Ghàidhlig. Tha e mar dhleastanas air an Stiùiriche, mar cheannard luchd-obrach na buidhne, sgioba èifeachdach agus làidir a stiùireadh gus taic a chumail ri sgrìobhadairean, foillsichearan agus luchd-ceannachd leabhraichean. Tha e cuideachd an urra ris an Stiùiriche a bhith a' sireadh chothroman airson co-obrachadh le buidhnean foillseachaidh air feadh Alba agus a' cothachadh gus litreachas agus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail air feadh na dùthcha. Tha a' Chomhairle a' cur taic ri Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus thathas a' sùileachadh gum bi Stiùiriche Chomhairle nan Leabhraichean a' cur na Gàidhlig air adhart aig a h-uile cothrom.

Amasan / Uallaichean

- Ro-innleachd agus poileasaidhean Chomhairle nan Leabhraichean a dhealbh, a chur an gnìomh agus sùil a chumail air an cuid èifeachdais.
- Aithisgean agus foirmeach ullachadh airson na Comhairle agus buidhnean maoineachaidh leithid Alba Chruthachail is Bòrd na Gàidhlig; a' gabhail a-steach am Plana Gnìomhachais (gach 3 bliadhna), am Plana Obdach (gach bliadhna) agus an Aithisg Bhliadhnail.

- A bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil Comhairle nan Leabhraichean a’ cleachdadh am maoineachadh poblach ann an dòighean a tha le chèile susbainteach a-rèir gnìomhachais agus gu math saoghal litreachais na Gàidhlig.
- A bhith a’ cumail rianachd gnìomhachais làitheil, nam measg:
 - Leasachadh Chomhairle nan Leabhraichean a-rèir amasan na buidhne.
 - Luchd-obrach, luchd-solair agus sgrìobhadairean is foillsichearan a phàigheadh.
 - A’ cumail ri dleastanasan agus riaghailtean a thaobh PAYE, NI agus peinnseanan.
- A bhith a’ dèanamh cinnteach, mar phàirt de na dleastanasan gu h-àrd, gu bheil cùisean ionmhais agus siostaman obrach na buidhne air an deagh riaghladh agus nach eilear a’ cur ionmhasan na buidhne ann an cunnart sam bith. Bu chòir a bhith faiceallach le maoineachadh agus am feum as fheàrr fhaighinn à ionmhas na buidhne.
- A bhith a’ cumail chunntasan chothromach agus a’ ruith na buidhne a-rèir riaghailtean OSCR agus Achd nan Companaidhean.
- A bhith a’ cumail fiosrachadh pearsanta mu dhaoine tèarainte a-rèir Achd Dìon Dàta 1998 agus GDPR.
- A bhith ag ullachadh agus a’ lìbhrigeadh Plana Co-Ionnanachd, Eugsamhlaich agus In-ghabhail.
- A bhith brosnachail agus misneachail do luchd-obrach Chomhairle nan Leabhraichean, a’ dèanamh cinnteach gu bheil iad ag obair mar sgioba èifeachdach agus làidir agus gu bheil iad a’ coileanadh amasan na buidhne.

- A bhith a stèidheachadh ceanglaichean làidir eadar Comhairle nan Leabhraichean agus buidhnean leis am bi sibh a' co-obrachadh, gu seachd àraidh buidhnean ann an saoghal an fhoillseachaidh, leithid Urras Leabhraichean na h-Alba agus Foillseachadh Alba, le leabharlannan, sgoiltean, roinnean foghlaim, bùithtean leabhraichean agus buidhnean sam bith a dh'fhaodadh obair Chomhairle nan Leabhraichean a leudachadh. Tha conaltradh le diofar bhuidhnean cudromach agus gu buannachd phoileasaidhean is ro-innleachd Chomhairle nan Leabhraichean.
- A bhith ag obair ann am compàirteachas le diofar bhuidhnean gus cothroman ionnsachaidh a thoirt do dhaoine le ùidh ann am foillseachadh agus litreachas na Gàidhlig.
- A bhith a' cur air adhart ìomhaigh Chomhairle nan Leabhraichean gu poblach, air radio, air telibhisean agus air meadhanan sòisealta.
- A bhith a' lìbhrigeadh thaisbeanaidhean tron bhliadhna aig fèisean leithid Aye Write, Fèis Inbhir Narainn is Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann agus a bhith a' lìbhrigeadh thachartasan mar Duais Dhòmhnaill Meek.
- A bhith innleachdail agus cruthachail gus barrachd luchd-leughaidh a tharraing gu leabhraichean Gàidhlig agus taic a thoirt dhaibh len cuid feumalachdan.
- A bhith nan tosgaire làidir airson Comhairle nan Leabhraichean, sgrìobhadairean, foillsichearan agus leughadairean sa Ghàidhlig.

Uallaichean Corporra

- Tha stiùireadh Chomhairle nan Leabhraichean, a-rèir amasan agus phrìomhachasan na buidhne, mar uallach air an Stiùiriche.

- Tha an Stiùiriche ag obair gu dlùth le Bòrd-stiùiridh Chomhairle nan Leabhraichean airson nan amasan is nam prìomhachasan sin a choileanadh.

Teisteanasan agus na dh'fheumar airson na dreuchd

- Bu chòir teisteanas foghlaim gu àrd ìre a bhith agaibh.
- Bidh eòlas agaibh air a bhith an ceann sgioba agus bidh sàr sgilean rianachd agaibh, an dà chuid le daoine agus le buidseatan is ionmhas.
- Bidh eòlas math agaibh air leabhraichean Gàidhlig agus lèirsinn a thaobh ro-innleachd foillseachadh sa Ghàidhlig.
- Bidh eòlas agaibh air tachartasan is taisbeanaidhean a chur air dòigh.
- Bidh comas agaibh air aithisgean is cunntasan ullachadh airson buill Bòrd-stiùiridh Chomhairle nan Leabhraichean agus buidhnean maoineachaidh.
- Feumar a bhith fileanta sa Ghàidhlig le sgilean sgrìobhaidh agus labhairt aig àrd ìre agus sgilean da rèir sa Bheurla.
- Feumar a bhith dealasach a thaobh obair agus ro-innleachd Chomhairle nan Leabhraichean agus a thaobh inbhe na buidhne ann an saoghal foillseachaidh an Alba.
- Feumar a bhith mothachail air an àrainneachd an Alba a thaobh maoineachaidh agus a bhith a' beachdachadh air dòighean ùra a lorg gus cur ri ionmhas na buidhne.
- Bu chòir dhuibh a bhith earbsach co-cheangailte ri dèiligeadh le ionmhas agus airgead poblach.
- Bu chòir sgilean coimpiutaireachd a bhith agaibh.
- Bu chòir cead-dràibhidh a bhith agaibh. Feumar a bhith deònach siubhal air feadh Alba gus Comhairle nan Leabhraichean a riochdachadh aig tachartasan nàiseanta.

Cùmhnantan na h-obrach

- 'S e obair leantainneach a tha seo. Tha e an urra ris an Stiùiriche fiosrachadh a chumail ri Cathraiche Chomhairle nan Leabhraichean.
- Bidh an tuarastal aig ìre SJC £45, 023 - £53,783. Ma bhios cosgaisean imrich aig an Stiùiriche dh'fhaodadh gun cuidich Comhairle nan Leabhraichean le na cosgaisean sin. Feumar bruidhinn ris a' Chathraiche mun deidhinn.
- Tha 30 làithean-saora sa bhliadhna an cois na h-obrach agus 12 là-saor poblach.
- Tha peinnsean ga thabhann ma tha an Stiùiriche airson gabhail ris.
- Tha na h-uairean obrach eadar 0900 is 1700 bho Dhiluain gu Dihaoine. Dh'fhaodadh gum bi uairean a bharrachd air iarraidh a-rèir feumalachdan na dreuchd. Ma tha tuilleadh 's a chòrr de dh'uairean air an obrachadh air an fhionnairidh neo aig deireadh na seachdain gheibhear ùine dheth da rèir.
- Tha an obair stèidhichte aig oifisean Chomhairle nan Leabhraichean aig 32 Sràid Achadh a' Mhansa, Partaig, Glaschu.
- 'S e obair làn-ùine a tha seo agus cha bhith e ceadichte don Stiùiriche obair eile a ghabhail os làimh a dh'fhaodadh a dhol an aghaidh dleastanasan dreuchd Stiùiriche Chomhairle nan Leabhraichean.
- Bidh 6 mìosan do dh'àm-dearbhaidh ann airson na dreuchd seo.
- Faodaidh a' Chomhairle neo an Stiùiriche crìoch a chur air a chùmhnant le naoi seachdainean rabhaidh.
- Thèid cùmhnant mionaideach a thabhann don tagraiche shoirbheachail.

Tagraidhean

Bu chòir tagraidhean le cunntas-beatha slàn agus litir a' mìneachadh carson a bhiodh sibh freagarrach airson na h-obrach agus dè a chuireadh sibh rithe a bhith air an comharrachadh mar DÌOMHAIR. Cuiribh ainmean agus seòlaidhean-dealain 2 eòlaichean a bheir breith air ur comasan an cois ur tagraidh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.gaelicbooks.org.